

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A' Chorra-mhonaidh (2)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 884. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 884 corresponds to Litir 580.

Bha mi a' bruidhinn mun chorra-mhonaidh an t-seachdain sa chaidh – *crane* ann am Beurla. Tha ainmean-àite a chaidh a chruthachadh anns an t-Seann Bheurla agus Seann Lochlannais ag innse dhuinn gun robh iad air feadh Shasainn uaireigin. Seo eisimpleirean às an t-Seann Bheurla – *Cranbourne*, a tha a' ciallachadh 'allt corra-mhonaidh', *Cranmore* 'sliabh corra-mhonaidh' agus *Cornewell* 'fuaran corra-mhonaidh'. Seo eisimpleirean às an t-Seann Lochlannais – *Tranmoor* agus *Tranmire* a' ciallachadh 'boglach corra-mhonaidh', *Tranby* 'baile-fearainn corra-mhonaidh' agus *Trantrams* 'lochan corra-mhonaidh'.

Tha ainmean mar sin sa Chuimrigh – mar eisimpleir *Afon Garan* 'abhainn na corra-mhonaidh' agus anns a' Chòrn far a bheil *Rezgaran* 'ath na corra-mhonaidh' air atharrachadh ann am Beurla gu *Rosegarden*. Ann an taobh sear na h-Alba tha eisimpleirean ann a thàinig bhon t-Seann Bheurla – *Cranshaws* 'doire corra-mhonaidh', *Cranbog Moss* 'boglach corra-mhonaidh' agus *Cranloch* 'loch corra-mhonaidh'. Gu math tric tha na h-ainmean ann an àiteachan fliucha – an seòrsa àrainn far an lorgar corrachan-monaidh.

Carson nach eil eisimpleirean air a' Ghàidhealtachd? Tha e doirbh a bhith cinnteach, ach tha aon rud soilleir – chan eil an aimsir ro fhuar dhi air a' Ghàidhealtachd. Aig àm an neadachaidh, tha i air a lorg thairis air Lochlann agus an Ruis suas gu seachd mìle troigh os cionn na mara. Anns a' gheamhradh, ge-tà, bidh i a' trèigsinn a' chinn a tuath agus a' dèanamh air àiteachan blàtha – mar eisimpleir ann an Sìona, na h-Ìnnseachan agus Afraga.

'S e an duilgheadas a th' ann air a' Ghàidhealtachd nach eil eadhon a' chorra-ghrithreach air a h-ainmeachadh gu tric. Agus uaireannan, chan eil e soilleir an e a' chorra-ghrithreach a th' ann no corra eile – a' chorra-mhonaidh. Tha eisimpleir aig *Rubha nan Corra* air Loch Seile. Chanainn gur e 'the point of the herons' as coltaiche mar chiall don ainm, seach 'the point of the cranes', ach chan eil sin dearbhte.

Tha a' chorra-mhonaidh air tilleadh gu nàdarrach, ann an àireamhan beaga, gu Sasainn agus Èirinn. Agus tha sgeulachd againn à beul-aithris nan Gàidheal a tha car taiceil don smuain nach robh i riamh pailt air a' Ghàidhealtachd, ged a bha i nàdarrach ann an Èirinn.

Bha Calum Cille ann an Eilean Ì. Thuirt e ri manach gun tigeadh corra-mhonaidh an ceann trì latha agus gu feumadh am manach suidhe air taobh an iar an eilein gus an tigeadh i. Bha an t-eun sin dùthchasach do dh'Èirinn ach cha robh do dh'Alba.

Rinn am manach na chaidh iarraidh air. Aig an uair cheart, thàinig a' chorra-mhonaidh. Bha i claidhte. Thog am manach i agus thug e dhachaigh i. Thug e biadh dhi agus **rinn e cobhair oirre**. Air an fheasgar sin, thàinig Calum Cille seachad air agus thug e taing dha. Ach thuirt e gum biodh an t-eun ag iarraidh falbh a-rithist an ceann trì latha.

Dìreach mar a thuirt an naomh, bha a' chorra-mhonaidh deiseil airson Ì fhàgail aig ceann trì latha. Leig am manach mu sgaoil i. Chaidh i an àirde 's an àirde. Mu dheireadh, thionndaidh i gu deas agus rinn i air Èirinn. Bha Calum Cille air a chùl a chur ri Èirinn, ach bha a' chorra-mhonaidh a' tilleadh dhachaigh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Sìona: *China*; Na h-Ìnnseachan: *India*; Loch Seile: *Loch Shiel*; Calum Cille: *St Columba*; Eilean Ì: *Iona*; claidhte: *exhausted*; naomh: *saint*.

Abairtean na Litreach: Tha ainmean-àite a chaidh a chruthachadh anns an t-Seann Bheurla agus Seann Lochlannais ag innse dhuinn: *place names that were created in Old English and Old Norse tell us*; air feadh Shasainn uaireigin: *at one time throughout England*; tha ainmean mar sin sa Chuimrigh ... agus anns a' Chòrn: *there are names like that in Wales ... and in Cornwall*; an seòrsa àrainn far an lorgar corrachan-monaidh: *the sort of habitat where cranes are found*; tha e doirbh a bhith cinnteach, ach tha aon rud soilleir: *it's hard to be sure, but one thing is clear*; aig àm an neadachaidh: *at breeding (nesting) time*; tha i air a lorg thairis air Lochlann agus an Ruis: *it is found across Scandinavia and Russia*; suas gu seachd mìle troigh os cionn na mara: *up to seven thousand feet above the sea*; bidh i a' tràigsinn a' chinn a tuath agus a' dèanamh air àiteachan blàtha: *it abandons the north and makes for warm places*; nach eil eadhon a' chorra-ghrithreach air a h-ainmeachadh gu tric: *that not even the heron is often named*; chan eil sin dearbhte: *that's not proven*; nach robh i riamh pailt air a' Ghàidhealtachd: *that it was never numerous in the Highlands*; gun tigeadh corra-mhonaidh an ceann trì latha: *that a crane would come in three days time*; gu feumadh am manach suidhe air taobh an iar an eilein: *that the monk would have to sit on the west side of the island*; dùthchasach do dh'Èirinn: *native to Ireland*; na chaidh iarraidh air: *what was requested of him*; thug e taing dha: *he thanked him*; leig am manach mu sgaoil i: *the monk released it*; thionndaidh i gu deas: *it turned south*; bha X air a chùl a chur ri Èirinn: *X had turned his back on Ireland*.

Puing-chànain na Litreach: *Although I have gone with corra-mhonaidh for 'crane' and corra-ghrithreach for 'heron', it is important to note that Dwelly's dictionary gives corra-mhonaidh as the Gaelic for 'crane', 'stork' and 'heron'. It also gives corra-ghrithreach as meaning 'crane', 'stork' and 'heron'! In other words, the corra- names (and there are a few) refer to any crane-like bird. It makes sense, in the modern era, to standardise the terminology, as has happened in English.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **rinn e cobhair oirre: he assisted it [fem].**

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA